

Liosta-sgrùdaidh DASH aig SafeLives

Amas an foirm

- Gus proifeiseantaich aig an loidhne-toisich a chuideachadh le bhith ag aithneachadh shuidheachaidhean far a bheil àrd ìre de chunnart ann bho dhroch-dhiol dachaigheil, stalcaireachd agus fòirneart stèidhichte air 'urram'.
- Gus co-dhùnadh dè na cùisean a bu chòir a bhith air an cur gu Marac agus dè an taic eile a tha a dhìth. 'S e clàr gnìomhach a th' anns an foirm chrìochnaichte, as urrainn a bhith air a chleachdadh san ùine air thoiseach airson rianachd cùise.
- Gus inneal coitcheann a thabhann do bhuidhnean a tha nam pàirt anns a' phròiseas Marac¹ agus gus tuigse cho-roinnte a thoirt seachad de chunnart a thaobh droch-dhiol dachaigheil, stalcaireachd agus fòirneart stèidhichte air 'urram'.
- Gus cothrom a thoirt do bhuidhnean co-dhùnaidhean so-dhionte a dhèanamh air am bonntachadh air fianais fharsaing bho rannsachadh air cùisean, a' gabhail a-steach muirt dhachaigheil is 'near misses', a tha mar stèidh aig a' mhòr-chuid de na modailean aithnichte de mheasadh chunnartan.

Mar a chleachdas tu am foirm

Mus lion thu am foirm airson a' chiad uair, tha sinn a' moladh gun leugh thu an stiùireadh iomlan is na ceistean cumanta. Tha cunnart caochlaideach, agus 's urrainn dha atharrachadh anabarrach luath.

Slatan-tomhais air am moladh airson cùisean a chur gu Marac

1. **Breithneachadh proifeiseanta:** Ma tha dragh air proifeiseantach a thaobh an t-suidheachaidh aig fulangaiche, bu chòir dhaibh a' chùis a chur a-null gu Marac. Bidh amannan ann nuair a dh'adhbharaicheas an co-theacsa de chùis shònraichte iomagain mhòr, eadhon nuair nach eil comas air a bhith aig an ffulangaiche am fiosrachadh a nochdadh a dh'fhaodadh an cunnart aca a shoillseachadh nas fheàrr. Dh'fhaodadh seo a bhith mar thoradh air ìrean anabarrach de dh'eagal, cnapan-starra culturach ann a thaobh a bhith nochdadh fios mun chùis, cùisean imreachas a-steach no cnapan-starra cànanach gu sònraichte ann an gnothaichean fòirneart stèidhichte air 'urram' a nochdadh. Bhitheadh am breithneachadh seo air a bonntachadh air eòlas an neach-proifeiseanta agus/no tuigse an ffulangaiche air an cunnart aca, eadhon mur eil iad a' coileanadh slatan-tomhais 2 agus/no 3 gu h-ìseal.
2. **'Cunnart Àrd, Faicsinneach':** an àireamh de shràcan air an liosta-sgrùdaidh seo. Ma tha thu air barrachd air ceithir deug de bhogsaichean a fhreagairt le 'tha' mar as trice choinnicheadh seo ris na slatan-tomhais airson a bhith ga chur a-null gu Marac.

¹ Airson barrachd fiosrachaidh mu Marac, thoir sùil air na deich prionnsabalan airson Marac èifeachdach: http://www.safelives.org.uk/marac/10_Principles_Oct_2011_full.doc

3. Cunnart gun tèid cùisean am mìosad: an àireamh de ghairmean a-mach leis a' phoileas dhan fhulangaidhe mar thoradh air droch-dhìol dachaigheil anns na dusan mìosan a tha air a dhol seachad. 'S urrainn an slat-tomhais seo a chleachdadh gus cùisean a chomharrachadh far nach deach a' mhòr-chuid de na slatan-tomhais air a liosta a choileanadh, ach far a bheil coltas aig an droch-dhìol meudachadh agus far a bheil e iomchaidh an suidheachadh a mheasadh ann an dòigh nas iomlaine le bhith a' co-roinn fiosrachaidh le Marac. 'S e cleachdadh cumanta a th'ann tòiseachadh le trì no barrachd gairmean a-mach leis a' phoileas ann an ùine dusan mìosan, ach feumar ath-sgrùdadh a dhèanamh air a seo, a rèir an uiread de dhroch-dhìol dachaigheil san sgìre ionadail agad agus an ìre de dh'aithris dhan phoileas san sgìre.

Feuch gun toir thu aire shònraichte gu breithneachadh proifeiseanta aig neach-proifeiseanta anns na cùisean uile gu lèir. Chan e measadh deimhinnte de chunnart a tha ann an toraidean bho liosta-sgrùdaidh. Bu choir dhaibh structair a thoirt dhut gus an tuigse agad a shoillseachadh agus tuilleadh cheistean, sgrùdadh is rianachd chunnairt a bhrosnachadh, ma's ann tro Marac no air dhòigh eile.

'S ann leis a' Marac ionadail agad a tha an t-uallach airson co-dhùnadh dè na slatan-tomhais a th' ann airson a bhith a' cur cùisean a-nall thuca.

Dè nach eil anns an fhoirm seo

Bheir am foirm seo fiosrachadh luachmhor seachad mu dheidhinn nan cunnartan a th' aig clann, ach chan e measadh cunnairt iomlan a th' ann airson clann. Tha làthaireachd cloinne a' meudachadh cunnartan nas fharsainge de dhroch-dhìol dachaigheil, agus tha clann-chèile (leas-phàistean) ann an cunnart gu sònraichte. Ma thèid cudrom a leigeil air cunnart co-cheangailte ri clann, bu choir dhut beachdachadh air dè seòrsa aithris a bu chòir dhut dèanamh gus measadh iomlan a dhèanamh air suidheachadh na cloinne.

Liosta-sgrùdaidh Dash aig SafeLives airson cleachdadh le Idvas is buidhnean eile seach am poileas² airson cunnartan a chomharrachadh nuair a droch-dhiol dachaigheil, fòirneart stèidhichte air ‘urram’ agus/no stalcaireachd air fhoillseachadh.

<p>Minich gur e sàbhailteachd is dìon an neach an adhbhar airson na ceistean seo fhaighneachd.</p> <p>Cuir sràc dhan bhogsa ma tha an rud sin a’ tachairt. Cleachd am bogsa-aithris aig deireadh an fhoirm gus leudachadh air freagairt sam bith.</p> <p>Thathar a’ gabhail ris gur e am fulangaiche prìomh thùs an fhiosrachaidh agad. <u>Mur a h-e</u>, comharraich seo anns a’ cholbh air an taobh dheas.</p>	THA	CHAN EIL	CHAN EIL FHIOS ACA	Tùs an fhiosrachaidh mur a tàinig e bhon fhulangaiche (mar eisimpleir oifigear poilis)
<p>1. A bheil an tachartas seo air goirteachadh adhbharachadh? Clàraich dè thachair, agus clàrach an e seo a’ chiad uair a chaidh am fùlaingaidhe a ghoirteachadh.</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>2. A bheil an t-eagal mòr ort? Aithris:</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>3. Dè a tha a’ cur eagal ort? An e tuilleadh leònadh no fòirneart a th’ann? Comharraich na tha thu a’ smaoinneachadh a dh’fhaodadh [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] a dhèanamh agus cò dha, a’ gabhail a-steach clann. Aithris:</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>4. A bheil thu a’ faireachdainn gu bheil thu air do sgaradh bho do theaghlach/caraidean? A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] a’ feuchainn bacadh a chur ort bho bhith a’ faicinn charaidean/do theaghlach/dotair is eile? Aithris:</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>5. A bheil thu ìosal nad inntinn no a bheil smaointean air a bhith agad mu bhith a’ cur làmh air do bheatha fhèin?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>6. A bheil thu air dealachadh no feuchainn air dealachadh bho [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] anns a’ bhliadhna a tha air a dhol seachad?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>7. A bheil còmhstri ann a thaobh suidhichean-coinneachaidh cloinne?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

² Nòta: Tha an liosta-sgrùdaidh seo a rèir modal measadh cunnartan Dash 2009 airson seirbheis nam poileas, a fhuair taic bhon ACPO

<p>8. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] gu bitheanta a' cur teacs thugad, a' fònachadh, a' cur fios thugad, gad leantainn, gad stalcaireachd no gad shàrachadh?</p> <p>Leudaich seo gus clàradh na thachair, agus comharraich a bheil thu a' creidsinn gu bheil seo air a dhèanamh a dh'aon ghnòthaich gus eagal a chur ort? Beachdaich air a' cho-theacs is dol a-mach a thathas a' dèanamh.</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>9. A bheil dùil agad ri leanabh, no a bheil leanabh air a bhith agad (taobh a-staigh na bliadhna gu leth a tha air a dhol seachad) ?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>10. A bheil an droch-dhiol a' tachairt nas trice?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>11. A bheil an droch-dhiol a' fàs nas miosa?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>12. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] a' feuchainn ri smachd a chumail air a h-uile càil a tha thu a' dèanamh agus a bheil an eudachd orra gu h-anabarrach?</p> <p>Mar eisimpleir: a thaobh dàimhean; cò a tha thu a' faicinn; a bhith air do 'phoileasadh' anns an dachaigh; ag innne dhut dè an t-aodach a bu chòir a bhith ort. Beachdaich air fòirneart stèidhichte air 'urram' (HBV) agus sònraich dol a-mach.</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>13. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] aig àm sam bith air buill-airm no rudan eile a chleachdadh airson do ghoirteachadh?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>14. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] aig àm sam bith air bagradh a dhèanamh thu fhèin no duine eile a mharbhadh ann an suidheachadh far an robh thu gan tuigsinn ?</p> <p>Ma tha, cuir sràc airson cò:</p> <p>Thu fhèin <input type="checkbox"/></p> <p>Clann <input type="checkbox"/></p> <p>Eile (sònraich) <input type="checkbox"/></p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

Cuir sràc dhan bhogsa ma thachair seo. Cleachd am bogsa-aithris aig deireadh an fhoirm gus leudachadh air freagairt sam bith.	THA	CHAN EIL	CHAN EIL FHIOS ACA	Tùs an fhiosrachaidh mur a tàinig e bhon fhulangaidhe (mar eisimpleir oifigear poilis)
15. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] air oidhirp a dhèanamh aig àm sam bith do mhùchadh, do thachdadh no do bhàthadh?	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
16. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] a' dèanamh no ag ràdh rudan air mhodh fheiseach a tha a' toirt ort a bhith a' faireachdainn dona no a ghoirtich thu fhèin no cuideigin eile gu corporra? Ma thachair seo do chuideigin eile, sònraich cò.	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
17. A bheil neach eile air bagradh a dhèanamh nad aghaidh no a tha a' cur eagal ort? Ma tha, sònraich cò is carson. Beachdaich air teaghlach leudaichte ma 's e is gur e HBV a th' ann.	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
18. A bheil fhios agad ma tha [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] air neach eile a ghoirteachadh? Beachdaich air HBV. Sònraich cò, a' gabhail a-steach a' chlànn, peathraichean is bràithrean no luchd-dàimh aosta: Clann <input type="checkbox"/> Ball eile den teaghlach <input type="checkbox"/> Cuideigin bho dhàimh a bh'agad roimhe <input type="checkbox"/> Neach eile (sònraich) <input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
19. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] aig àm sam bith air ainmhidh no peata theaghlaich a ghoirteachadh?	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
20. A bheil ceist ionmhasail ann? Mar eisimpleir, a bheil thu an urra ri [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] airson airgead/ a bheil iad air an cosnadh aca a chall/ gnothaichean ionmhasail eile?	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
21. A bheil trioblaidean air a bhith aig [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] anns a' bhliadhna a chaidh seachad co-cheangailte ri drugaichean (òrdugh-cungaidh no eile), deoch làidir no slàinte-inntinn ag adhbharachadh duilgheadasan dhaibh le beatha riaghailteach a chur seachad? Ma tha, sònraich dè an fheadhainn agus cur barrachd fiosrachaidh ann ma tha seo agad. Drugaichean <input type="checkbox"/> Deoch-làidir <input type="checkbox"/> Slàinte-inntinn <input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	

<p>22. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] idir air feuchainn no air bagradh cur às dhaibh fhèin ?</p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>23. A bheil [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] aig àm sam bith air fuasgladh air urras/òrdugh-cùirt a bhriseadh no aonta foirmeil, co-cheangailte ri cuin as urrainn dhaibh thu fhèin agus/no a' chlann fhaicinn? Dh'fhaodadh tu beachdachadh air seo co-cheangailte ri seann chompanach aig an droch-dhioladair ma tha seo iomchaidh.</p> <p>Suidhichidhean fuasgladh air urras <input type="checkbox"/></p> <p>Òrdugh casg-ionnsaigh/Òrdugh casg-còmhnaidh <input type="checkbox"/></p> <p>Suidhichidhean-coinneachaidh cloinne <input type="checkbox"/></p> <p>Òrdugh-dìon bho phòsadh sparraidhchte <input type="checkbox"/></p> <p>Eile <input type="checkbox"/></p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
<p>24. A bheil fhios agad ma tha [ainm an droch-dhioladair/nan droch-dhioladairean] air a bhith ann an trioblaid aig àm sam bith leis a' phoileas no ma tha eachdraidh eucorach aca? Ma tha, sònraich dè a bh' ann:</p> <p>Droch-dhiol dachaigheil <input type="checkbox"/></p> <p>Fòirneart feiseach <input type="checkbox"/></p> <p>Fòirneart eile <input type="checkbox"/></p> <p>Eile <input type="checkbox"/></p>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	
Sùim uile gu lèir de freagairtean "Tha"				

Airson beachdachadh air le proifeiseantach

<p>A bheil fiosrachadh proifeiseanta buntainneach eile ann (bho fhulangaiche no neach-proifeiseanta) a dh'fhaodadh ìrean de chunnart meudachadh? Beachdaich air suidheachadh an fhulangaiche a thaobh ciorram, mì-chleachdadh susbaint, cùisean slàinte-inntinn, cnapan-starra culturach is cànanach, siostaman stèidhichte air 'urram', aonrachas cruinn-eòlach agus lùghdachadh.</p> <p>A bheil iad deònach a bhith an sàs leis an t-seirbhis agad? Minich.</p>	
<p>Beachdaich air obair/na rudan air a bheil ùidh aig an droch-dhioladair. Am b'urrainn seo ruigsinneachd shònraichte a thoirt dhaibh gu buill-airm? Minich.</p>	
<p>Dè na prìomhachasan as motha aig an fhulangaiche gus aghaidh a chur air an t-sàbhailteachd aca?</p>	

<p>A bheil thu den bharail gu bheil adhbharan reusanta ann airson a' chùis seo a chur a-null gu Marac?</p>	<p>Tha <input type="checkbox"/></p> <p>Chan eil <input type="checkbox"/></p>
<p>Ma tha, a bheil thu air a cur a-null?</p>	<p>Tha <input type="checkbox"/></p> <p>Chan eil <input type="checkbox"/></p>
<p>Air a shoidhnigeadh</p>	<p>Latha</p>
<p>A bheil thu den bharail gu bheil cunnartan mu choinneamh na cloinne san teaghlach?</p>	<p>Tha <input type="checkbox"/></p> <p>Chan eil <input type="checkbox"/></p>
<p>Ma tha, daingnich gu bheil thu air a chur a-null gus a' chlann a dhìon?</p>	<p>Tha <input type="checkbox"/></p> <p>Chan eil <input type="checkbox"/></p> <p>Latha anns an deach a chur a-null</p>
<p>Air a shoidhnigeadh</p>	<p>Latha</p>
<p>Ainm</p>	

Notaichean a' Proifeiseantaich

Tha an sgrìobhainn seo mar thoradh air obair a rinneadh le SafeLives ann an com-pàirteachas le Laura Richards, Comhairliche air Fòirneart do ACPO. Bu toil leinn taing a thoirt do Advance, Cobhair nam Ban Blackburn is Darwen agus Aonad Sàbhailteachd Teaghlaich Berkshire an Ear agus do na com-pàirtichean uile aig Marac Blackpool airson a bhith a' dèanamh pileat air an liosta-sgrùdaidh ùraichte. Cha b' urrainn dhuinn a bhith air liosta-sgrùdaidh nan riosgan againn a leasachadh as aonais seo. Tha sinn fìor thaingeil do Elizabeth Hall aig CAFCASS agus do Neil Blacklock aig Respect airson an cuid comhairle agus brosnachadh, agus airson na comhairle a fhuair sinn bho na eòlaichean Jan Pickels, Dr Amanda Robinson agus Jasvinder Sanghera.

Additional text:

Name of victim:	Ainm an fhulangaidhe
Date:	Ceann-latha
Restricted when complete	Tha am foirm lionte diomhair
Web www.safelives.org.uk Email info@safelives.org.uk Tel 0117 403 3220	Eadar-lìon www.safelives.org.uk Post-d info@safelives.org.uk Fòn 0117 403 3220
© SafeLives 2014. Please acknowledge SafeLives when reprinting.	© SafeLives 2014. Ainmich SafeLives ma nithear ath-bhreacadh air seo.
Registered charity number 1106864	Carthannas Clàraichte, àireamh 1106864

Thanks to the National Lottery Community Fund Scotland for funding the development of the Scottish version of this toolkit.

